

## COVID-19

## A' cruthachadh làrach-lìn airson fiosrachadh poblach, bhidio airson nam meadhanan sòisealta, postair no bileag – Dùbhlain Luchd-ionnsachaidh

### Fiosrachadh do thidsearan

#### Ro-ràdh

Chaidh an dùbhlain seo airson luchd-ionnsachaidh a sholarachadh le Foghlam Alba gus taic a thoirt do theagasg foghlam èiginn agus ath-leumachd. Tha e a' cur dùbhlain air luchd-ionnsachaidh gus làrach-lìn, làrach nam meadhanan sòisealta, bhidio, postair no bileag a leasachadh a bhios a' toirt fiosrachadh don phoball ma bhios briseadh a-mach de ghalar mòr-sgaoilte leithid COVID-19 ann.

Tha an duilleag cheangailte "Fiosrachadh do Luchd-ionnsachaidh" a' solarachadh geàrr-chunntas mun dùbhlain, a' mìneachadh nan gnìomhan, a' toirt eisimpleirean de ghoireasan cuideachail agus a' tairgseadh cheistean do luchd-ionnsachaidh airson meòrachadh orra.

#### Eòlasan agus builean

- Tha mi ag ionnsachadh cunnart a mheasadh agus a làimhseachadh, mi fhìn agus daoine eile a dhìon, agus cron a lùghdachadh far an gabh e dèanamh. **HWB 1-16a - 4-16a**
- Tha fios agam air, agus is urrainn dhomh sealltainn, mar a chumas mi mi fhìn agus daoine eile sàbhailte agus mar a dhèiligeas mi ri raon de shuidheachaidhean èiginneach. **HWB 1-17a - 4-17a**
- Tro rannsachadh agus bruidhinn, chuir mi ri luachadh anns na meadhanan, mu shusbaint shaidheansail agus bhuadhan bheusantach. **SCN 3-20b**
- 'S urrainn dhomh ICT a chleachdadh gu h-èifeachdail ann an diofar cho-theacsaichean ionnsachaidh thar a' churraicealaim gus cothrom fhaighinn air fiosrachadh agus fiosrachadh a thaghadh agus a thaisbeanadh ann an sreath obraichean. **TCH 1-03b (agus TCH 4-03b)**

#### Ga thoirt nas fhaide

Tha an gnìomh seo a' toirt co-theacsa seachad airson ionnsachadh eadar-chuspaireil le bhith a' cothlamadh sgilean bho litearrachd, saidheans, teicneòlasan agus cuspairean sòisealta. Faodar a chleachdadh cuideachd airson cùis slàinte sam bith a tha a' toirt buaidh air a' choimhearsnachd an-dràsta.

Faodaidh an gnìomh seo a bhith na phàirt de dh'iomairt far am faod sgoilearan obair còmhla ri buidhnean ath-leumachd coimhearsnachd, buidhnean slàinte agus riochdairean NHS anns na coimhearsnachdan aca gus feumalachdan sònraichte ionadail a chomharrachadh agus cùisean ruigsinneachd a dheasbad. Le bhith ag obair ann an com-pàirteachas, faodaidh iad rudeigin a chruthachadh a sholaraidheas taic fìor taobh a-staigh na coimhearsnachd aca.

Le bhith a' gabhail pàirt gu tur ann am pròiseact mar seo, bhiodh luchd-ionnsachaidh a' cur air dòigh pàirt chudromach de bhith deiseil airson chùisean èiginn, a' dèanamh cinnteach gu bheil an dà chuid daoine fa leth agus coimhearsnachdan ullaichte agus air an deagh fhiosrachadh.

## COVID-19

## A' cruthachadh làrach-lìn airson fiosrachadh poblach, bhidio airson nam meadhanan sòisealta, postair no bileag – Dùbhlain an Luchd-ionnsachaidh

### Fiosrachadh do Luchd-ionnsachaidh

#### Brath an Dùbhlain

Tha thu air d' fheadhainn le Riaghaltas na h-Alba gus làrach-lìn, làrach nam meadhanan sòisealta, bhidio, postair no bileag a dhealbhadh a bhios a' toirt fiosrachadh don phoball air am biodh feum aca ma thachras briseadh a-mach de ghalar mòr-sgaoilte leithid COVID-19.

Tha cuid de làraich-lìn le fiosrachadh poblach ann mar-thà, ach tha daoine fhathast mì-chinnteach mu na ceumannan a dh'fheumas iad a ghabhail. Ann an agallamhan, thuir iad nach robh am fiosrachadh cudromach air a chomharrachadh soilleir gu leòr.

#### Ceistean meòrachail

- Dè na neartan agus laigsean a th' aig na làraich, postairean no bileagan a th' ann an-dràsta?
- Ciamar a tha am fiosrachadh air a thaisbeanadh? Dè cho furasta 's a bhiodh e airson diofar bhuill na coimhearsnachd fiosrachadh sònraichte dha na feumalachdan aca a lorg?
- Ma tha ceist aig buill a' phobaill, dè cho furasta 's a tha e seo a dhèanamh?
- Ciamar a stiùireadh tu luchd-cleachdaidh dhan làrach-lìn agad? Càite am bu chòir a shanasachadh gus a bhith tarraingeach do na buidhnean uile taobh a-staigh na coimhearsnachd?
- A bheil buidhnean sam bith sa choimhearsnachd aig am biodh stri le làrach-lìn? Ciamar a dhèanadh tu cinnteach gum faigh iad am fiosrachadh?
- Dè na dòighean-obrach a chleachdadh tu gus cudrom a chur air na prìomh phìosan fiosrachaidh?
- Ciamar a dhèanadh tu cinnteach gu bheil an làrach-lìn, làrach nam meadhanan sòisealta, bhidio, postair no bileag a' coileanadh nan slatan-tomhais airson soirbheas?

### Gnìomhan

Dèan rannsachadh air an fhiosrachadh a tha ri fhaighinn air na làraich-lìn is làraich nam meadhanan sòisealta air an liosta. Dèan co-dhùnadh air dè am fiosrachadh a tha riatanach airson a' phobaill san fharsaingeachd agus beachdaich air dòighean anns an gabhadh na làraich no am fiosrachadh a tha ann mar-thà a leasachadh. Cleachd am fiosrachadh seo gus làrach-lìn, làrach nam meadhanan sòisealta, bhidio, postair no bileag ùr a dhealbhadh a sholaraidheas am fiosrachadh ann an dòigh shoilleir agus chuideachail.

### Goireasan

**Stòrlann** - [Goireasan Gàidhlig bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig](#)